

AM FÒGRADH

Chaidh an t-òrdugh ‘Dèanaibh fògradh air ball’ a thoirt seachad aig 11.07m Diardaoin 31 Lùnastal 1939. Mar thoradh air seo, thachair an gluasad bu mhotha de dhaoine còmhla ann an eachdraidh Bhreatainn: chaidh faisg air 3,000,000 leanabh a ghluasad à mhòr-bhailtean agus à bailtean, ann an iomairt air an robh Opairèisean Pied Piper, gus faighinn air falbh bho bhomairean na nàmhaid.

Bha dùil aig an riaghaltas gun deigheadh suas ri 4,000,000 neach a leòn ann an Lunnainn agus le sin chuir iad suas bailiùnaichean-bacaidh a bha a’ seòladh gu h-àrd gus a dhèanamh doirbh do na bomairean an targaidean a lorg. Rinn iad stòr mòr, mòr de chisteachan-laighe cuideachd.

Chaidh leubail a chur air gach leanabh le ainm ùghdarras an fhoghlaim, an sloinneadh agus an uair sin an ciad ainm. Chaidh an toirt chun na sgoile aca far an do ghabh an tidsearan cùram dhiubh ’s iad gu bhith air an toirt chun na dùthcha. Cha robh fios aig a’ mhòr-chuid den chloinn càit an robh iad a’ dol, dè bhiodh iad a’ dèanamh, no cuin a bhiodh iad a’ tilleadh. Bha mòran dhiubh a’ smaoinichadh gun robh iad a’ dol air dèan-thuras mòr.

Nuair a ràinig iad an dùthaich, fhuair iad a-mach gun robh na ceudan de chloinn air tighinn dhan àite cheàrr, gun raiseanan gu leòr, ’s gun àite anns am fuiricheadh iad – cha robh àiteachan gu leòr ann an dachaighean muinntir an àite. An àite sin, chaidh a’ chlann a chur ann an sreath ann an talla a’ bhaile agus rinn inbhich a’ bhaile taghadh, mar bu trice ag ràdh, ‘Gabhaidh mi am fear ud!’ no ‘Gabhaidh mi an tè ud!’

Cha b’ e an aon fhèin-fhiosrachadh a bh’ aig a’ chloinn gu lèir. Fhuair mòran a-mach mun dùthaich agus dh’ionnsaich iad sgilean ùra. Ach dh’fhuiling cuid droch-dhìol agus an-ìochd. Chaidh na raiseanan aig Iain Abbot, fògarrach à Bristol, a ghoid leis an teaghlach aig an robh e a’ fuireach, agus dh’fheumadh e a bhith beò air buntàta pronn.

Feumaidh gun robh an diofar eadar beatha a’ bhaile-staigh agus beatha air an dùthaich na dhùbhlan mòr don chloinn. B’ e aon de na rudan a b’ fhollaisiche aig an àm gun robh clann a’ bhaile mhòir gu math na bu lugha agus na bu taine na clann bhon dùthaich.

B’ e comharra a bha seo air dìth beathachaidh agus droch thaighean. Leis gun do mhothaich daoine do na diofaran seo chaidh cuideam mòr a chur air an riaghaltas. An dèidh a’ chogaidh, chaidh oidhirp mhòr a dhèanamh gus piseach a thoirt air na bailtean a-staigh.



Thug an riaghaltas seachad liosta de rudan a bu chòir fògarraich a thoirt leotha:

LE CHÈILE	
Masg gas • Cairt aithneachaidh • Leabhar raiseanan Bileagan aodaich • Biadh aon latha	
GILLEAN	NIGHEANAN
2 fho-lèine	2 fho-lèine
2 bhriogais-bheag	2 liberty bodice (ma tha feum orra)
2 lèine	2 dhrathais
2 lèine-oidhche no deise-leapa	2 ghùn-oidhche
2 phaidhir stocainnean	2 phaidhir stocainnean
2 phaidhir bhrògan-mòra no bhrògan	1 phaidhir bhòtannan (mas urrainnear)
1 phaidhir bhòtannan (mas urrainnear)	1 chòta blàth no Mackintosh
1 chòta blàth no Mackintosh	1 dreasa bhlàth, casag no geansaidh
1 bhriogais	1 chardagan
1 gheansaidh	2 dhreasa cotain
6 nèapraigearan	6 nèapraigearan
1 bhruis-fhiaclan	1 bhruis-fhiaclan
1 chlobhd aodainn	1 chlobhd aodainn
1 chìr	1 chìr
2 shearbhadair	2 shearbhadair

